



## Aonad Àireamhachd (Nàiseanta 4)

**SCQF:** ìre 4 (6 puingeann creideis SCQF)

**Còd Aonaid:** ri thighinn

### Cnàmhan an Aonaid

'S e amas coitcheann an Aonaid seo sgilean àireamhach agus làimhseachadh fiosrachaidh luchd-ionnsachaidh a leasachadh gus ceistean làitheil neo-fhillte mu àireamh, airgead, uair agus tomhas, fhuasgladh. Mar a dhèiligeas luchd-ionnsachaidh ri ceistean làitheil, co-dhùnaidh iad dè na sgilean àireamhachd a chuireas iad an sàs agus mar a chleachdas iad na sgilean sin le tomhas iomchaidh de chinnteachd. Cuideachd, eadar-mhìnichidh luchd-ionnsachaidh dàta grafaigeach agus cleachdaidh iad an t-eòlas agus an tuigse a th' aca air coltachd gus fhuasglaidhean a chomharrachadh do cheistean làitheil neo-fhillte mu airgead, uair agus tomhas. Cleachdaidh luchd-ionnsachaidh na fhuasglaidhean aca gus co-dhùnaidhean a dhèanamh agus a mhìneachadh.

Bidh luchd-ionnsachaidh a choileanas an t-Aonad seo comasach air:

- 1 Sgilean àireamhach a chleachdadh gus ceistean làitheil neo-fhillte mu airgead/uair/tomhas an sàs fhuasgladh
- 2 Dàta grafaigeach agus suidheachaidhean sa bheil coltachd a' nochdadh eadar-mhìneachadh, gus ceistean làitheil neo-fhillte mu airgead/uair/tomhas fhuasgladh

'S e seo Aonad riatanach de Chùrsa Matamataig Nàiseanta 4 agus tha Cùrsa Matamataig Sgilean-beatha Nàiseanta 4 cuideachd ri fhaotainn mar Aonad air leth. Bu chòir an Sònrachadh Aonaid a leughadh còmhla ri *Notaichean Taic an Aonaid*, anns a bheil comhairle agus stiùireadh air lìbhrigeadh, dòighean measaidh agus leasachadh air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair. Tha eisimpleirean de shlatan-tomhais airson an Aonaid seo rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*.

Ann an *Sònrachaidhean an Aonaid Luach-Leasaichte* airson Cùrsa Matamataig Nàiseanta 4 agus Cùrsa Matamataig Sgilean-beatha Nàiseanta 4 tha tuilleadh fiosrachaidh riatanach air còmhachadh a' Chùrsa airson luchd-ionnsachaidh a tha a' gabhail an Aonaid seo mar phàirt de Chùrsa Matamataig Nàiseanta 4 no Cùrsa Matamataig Sgilean-beatha Nàiseanta 4.

## **Ìre tòiseachaidh**

Gheibhear a-steach don Aonad seo le cead an ionaid. Ge-tà, bhiodh dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho aon no barrachd de na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas co-ionann:

- ◆ Cùrsa Matamataig Sgilean-beatha Nàiseanta 3 no Aonadan bhon Chùrsa
- ◆ Aonad Àireamhachd (Nàiseanta 3)
- ◆ Sgilean Bunaiteach Àireamhachd (ìre 3 SCQF)

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait fhreagarrach airson an t-Aonad seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an *Notaichean-taic an Aonaid*.

## **Co-ionannachd agus in-gabhail**

Tha an Sònrachadh Aonaid seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thatar a' planaigeadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' cnuasachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic an Aonaid*.

# Slatan-tomhais

## Builean agus slatan-tomhais measaidh

### Buil 1

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri:

#### 1 Sgilean àireamhach a chleachdadh gus ceistean làitheil neo-fhillte mu airgead/uair/tomhas fhuasgladh le bhith:

- 1.1 A' taghadh agus a' cleachdadh comharradh agus aonadan àireamhach iomchaidh
- 1.2 A' taghadh agus a' dèanamh obrachaidhean
- 1.3 A' clàradh thomhasan a' cleachdadh sgèile neo-fhillte air ionnsramaid
- 1.4 Ag eadar-mhìneachadh thomhasan agus toraidhean obrachaidhean gus co-dhùnaidhean a dhèanamh
- 1.5 A' mìneachadh cho-dhùnaidhean stèidhte air toraidhean thomhasan no obrachaidhean

### Buil 2

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri:

#### 2 Dàta grafaigeach agus suidheachaidhean sa bheil coltachd a' nochdadh eadar-mhìneachadh, gus ceistean làitheil neo-fhillte mu airgead/uair/tomhas fhuasgladh, le bhith:

- 2.1 A' togail dàta à co-dhiù dà riochd ghrafaigeach neo-fhillte eadar-dhealaichte agus ga eadar-mhìneachadh
- 2.2 A' dèanamh agus a' mìneachadh cho-dhùnaidhean stèidhte air eadar-mhìneachadh air dàta
- 2.3 A' dèanamh agus a' mìneachadh cho-dhùnaidhean stèidhte air coltachd

## Fianais Riatanach airson an Aonaid

Bu chòir do luchd-measaidh breithneachadh dreuchdail, eòlas agus fèin-fhiosrachadh cuspaireil, agus tuigse mun luchd-ionnsachaidh aca, a chleachdadh gus socrachadh air na dòighean as iomchaidh air fianais fhaighinn agus na suidheachaidhean agus na co-theacsaichean anns an tèid an cleachdadh. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil fianais gu leòr ann air comas a bhith a' cleachdadh sgilean àireamhach, agus a bhith ag eadar-mhìneachadh dàta agus shuidheachaidhean sa bheil coltachd a' nochdadh bho na Builean agus na Slatan-tomhais Measaidh, a leigeas leotha breithneachadh a bheil an neach-ionnsachaidh air an t-Aonad a choileanadh.

Bu chòir do luchd-mheasaidh breithneachadh dreuchdail a chleachdadh gus creideas a thoirt do luchd-ionnsachaidh airson tomhas iomchaidh de mhionaideachd. 'S dòcha gum bi seo a' ciallachadh creideas a thoirt airson fhuasglaidhean a tha neo-choileanta no mearachdach gu h-àireamhach, ach a sheallas dòigh-obrach ceart, agus mar sin a sheallas an t-eòlas agus an tuigse riatanach air na pròiseasan àireamhach agus làimhseachadh dàta a tha na lùib.

Feumaidh obair bho cho-theacsaichean mu airgead, uair agus tomhas a bhith am measg na fianais airson nam Builean.

**Airson Buil 1**, feumaidh ceistean làitheil neo-fhillte:

- ◆ co-theacsaichean a chleachdadh air am bi an neach-ionnsachaidh eòlach
- ◆ a bhith air an toirt don neach-ionnsachaidh còmhla ri stuthan taic buntainneach gus a chuideachadh ris a' cheist eadar-mhìneachadh
- ◆ cothroman a thoirt airson obrachaidhean anns a bheil: àireamhan slàn, bloighean, deicheadan, ceudadan, co-mheas agus co-chuid. Air an toirt còmhla, tha fianais airson na leanas a dhìth anns na h-obrachaidhean; cur-ris, toirt-air-falbh, iomadachadh agus roinneadh
- ◆ goireasan iomchaidh mar àireamhair no teicneòlasan eile a cheadachadh
- ◆ far am biodh iad ri fhaotainn gu h-àbhaisteach anns na suidheachaidhean làitheil anns a bheil an t-obrachadh ga dhèanamh

**Airson Buil 2**, dh'fhaodadh riochdan grafaigeach neo-fhillte na leanas a ghabhail a-steach:

- ◆ clàr le co-dhiù ceithir seòrsaichean fiosrachaidh
- ◆ clàr mar clàr-cearcaill far a bheil na luachan air an toirt seachad, no clàr-cholbhan far a bheil an sgèile follaiseach
- ◆ graf mar graf-loidhne far a bheil an sgèile follaiseach
- ◆ diagram mar cuairt, diagram stoc-is-duileach, no plana 2D

Tha iomadh dòigh anns an gabh riatanasan an Aonaid fhiaghinn. Faodar fianais a chruinneachadh a' cleachdadh mheasaidhean eadar-dhealaichte agus barrachd air aon cho-theacsa airson gach Buil; air neo faodar a chruinneachadh airson an Aonaid air fad le aon mheasadh agus aon cho-theacsa. Ma thèid an dàrna dòigh a chleachdadh, feumaidh e bhith follaiseach ciamar a tha an fhianais a' còmhdach gach Buil.

Tha eisimpleirean de mheasadh rim faighinn anns a' *Ghoireas Measaidh Nàiseanta*. Tha comhairle agus stiùireadh air dòighean measaidh air an toirt seachad ann an *Notaichean-taic an Aonaid*.

# Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair

Tha sgilean àireamhachd coitcheann ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. Tha an t-Aonad Àireamhachd (Nàiseanta 4) bunaichte air an fhrèam seo agus còmhdaichidh luchd-ionnsachaidh na prìomh sgilean àireamhachd gu lèir. Seo na prìomh sgilean àireamhachd:

## 2. Àireamhachd

- 2.1 Pròiseasan-àireamhan
- 2.2 Airgead, uair agus tomhas
- 2.3 Làimhseachadh fiosrachaidh

Tha dùil gun leasaich luchd-ionnsachaidh sgilean farsaing, coitcheann tron Aonad seo cuideachd. Tha na sgilean a bhios luchd-ionnsachaidh a' leasachadh agus a' leudachadh tron Aonad stèidhte air *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA agus tha iad bho na prìomh raointean sgilean gu h-ìosal. Feumar iad seo fhighe a-steach don Aonad far a bheil cothroman iomchaidh ann.

## 5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 A' cleachdadh
- 5.4 A' dèanamh anailis agus a' luachadh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an *Skills Framework: Skills for Learning, Skills for Life and Skills for Work* le SQA. *Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair* Bu chòir ìre nan sgilean sin a bhith a rèir ìre SCQF an Aonaid agus a rèir sònrachadh na h-ìre SCQF. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson obair ri fhaighinn ann an *Notaichean-taic an Aonaid*.

# Fiosrachadh rianachd

---

**Foillsichte:** Giblean 2013 (dreach 1.0)

**Sàr-chlas:** ri thighinn

---

## Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh an Aonaid Nàiseanta

Dreach	Iomradh air an atharrachadh	Ùghdarraichte le	Deit

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2013

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den Aonad seo luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn SQA: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thatar a' moladh gun coimhead sibh air làrach-lìn SQA: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk) a dhèanamh cinnteach gur e an dreach às ùire den t-Sònrachadh Aonaid a tha sibh a' cleachdadh.